



Tiotal: Dèan gu math e:

Pàirt 3: Ciamar a bhios fios agad gu bheil thu deiseil airson feise?

Ire: ARD

Ceanglan CfE

A thaobh a' Churraicealam airson Sàr mhathas tha an ire seo a' leudachadh agus a' cur ris na chaidh ionnsachadh aig a' Cheathramh ìre

Eòlasan agus builean	Slatan-tomhais
<ul style="list-style-type: none"> Tha mi a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e a bhith a' faighinn spèis agus a' toirt spèis do dhaoine tro dhàimhean, agus 's urrainn dhomh innse carson. HWB 4-44a Tha mi a' tuigsinn, agus 's urrainn dhomh mìneachadh, cho cudromach agus feumail 's a tha dìlseachd, earbsa agus spèis ann an dàimhean gaolach agus gnèitheasach. Tha mi a' tuigsinn nan diofar cho-theacsan co-cheangailte ri dàimhean mar sin, nam measg pòsadh. HWB 4-44c Tha mi a' tuigsinn gum faod cumhachd a bhith an taobh a-staigh dhàimhean agus gum faod sin a bhith air a chleachdadh ann an dòigh mhath cho math ri dòigh dhona. HWB 4-45a Tha mi a' faighinn sgilean airson co-dhùnaidhean a dhèanamh mu dhàimhean agus dol-a-mach ghnèitheasach. 'S urrainn dhomh iad sin a chur gu feum ann an suidheachaidhean dùbhlachan no doirbh. HWB 4-46c Tha mi a' beachdachadh air mar a bheir mo bheachdan, chreideasan, luachan is moraltachd buaidh air mo chodhùnaidhean mu chàirdeas, dhàimhean is dhol-a-mach ghnèitheasach. HWB 4-46a 	<ul style="list-style-type: none"> A' daingneachadh carson a tha dilseachd, earbsa agus spèis aig meadhan càraig dhutsa agus do dhaoin' eile. Mìneachadh cudromachd aonta air luachan is amasan ann an cumail suas dhàimhean gaoil agus feiseil, mar eisimpleir, spèis do chàch a chèile, aonta mu fheise. A' dèanamh sgaradh eadar cumhachd agus mì-fheum cumhachd ann an dàimhean, mar eisimpleir, spèis, earbsa, fòirneadh, aonta. A' sealltannan sgilean a dh'fheumar airson suidheachaidhean dùbhlachan ann an dàimhean a làimhseachadh, a' gabhail a-steach dàimhean feseil, mar eisimpleir, co-rèiteachadh, co-fhaireachdann, ruighinn cho-dhùnaidhean.

Amasan ionnsachaidh

- Gum meòraich daoin' òga na tha a' dèanamh deagh dhàimh, agus dè na h-eòlasan ann an dàmh a dh'fhaoadadh dragh a chur orra no a bheireadh orra dàimh a thoirt gu crìoch.
- Gun rannsaich daoin' òga nas urrainn buaidh a thoirt air roghainnean mu bhith a' dèanamh dàimh feiseil, agus ma thachras sin, cò ris a dh'faodadh dàimh feiseil a bhith coltach.
- Gum meòraich daoin' òga air co-dhiù a tha iad deiseil airson dàimh fheiseil, agus gam brosnachadh gus dàil a chur air feiseil am bi iad deiseil.
- Gum beachdaich daoin' òga air 'còraichean dàimh'.

Slatan-tomhais

- 'S urrainn dhomh innse na bhiodh deagh dhàimh a' ciallachadh dhòmhsa.

- Tha mi a' leasachadh sgilean agus misneachd gus co-dhùnaidhean a dhèanamh mu na dàimhean pearsanta agam, a' gabhail a-steach dàimhean feiseil.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Pàipear/pinn
- Film: How do I know I am ready to have sex (7 mion. 11) <https://youtu.be/BrUMvQjEkvo>
- CAIRTEAN: Na prìomh 10 ceistean mun chiad turas

Ma tha sibh an dùil làrach-lin mar YouTube a chleachdad, cuiribh a' bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.

Obair

1. Às dèidh ruith thairis aithghear air an t-seisean mu dheireadh, töisich an leasan mar seo: Tha daoin' òga air a bhith a' smaoineachadh agus a' bruidhinn mu dhàimhean, agus co-dhiù a bu choir do fheise a bhith na phàirt de dhàimh – aidich gur dòcha gu bheil eòlas feiseil air choreigin aig cuid sa chlas, 's nach eil aig feedhainn eile. Mìnich nach eil an seisean seo mu dhaoine a bhith ag innse mun eòlas phearsanta, agus gur e am plana gum bi iad spèiseil dha chèile agus do dhaoin' eile. Leis an sin, tha e feumail smaoineachadh air na tha a' fàgail neach deiseil airson feise, airson a' chiad turas dhaibhsan, no airson a' chiad thuras ann an dàimh (tha seo mu bhith a' cuimhneachadh gu bheil ciad turas anns gach dàimh).
2. **Dè na ceistean as trice a bhios daoin' òga a' faighneachd mu bhith ri feise a' chiad uair?** Sgaoil ceàrnagan de phàipear chun nan daoin' òga agus iarr orra obrachadh ann an dithisean gus beachdachadh air ceistean a dh'faodadh a bhith aig daoin' òga mu fheise airson a' chiad uair – dh'faodadh seo a bhith a' ciallachadh a' chiad turas no a' chiad turas ann an dàimh ùr. Chan fheum na ceistean seo a bhith aca fhèin, dìreach na seòrsaichean cheistean a dh'faodas a bhith aig daoin' òga dhen aois acasan. Inns dhaibh gum bi iad gam pasgadh ann an dà leth agus gan cumail an-dràsta, 's nach bithear gan cruinneachadh.
3. **Ciamar a bhios fios agaibh gu bheil sibh deiseil airson a bhith ri feise airson a' chiad uair?** Coimheadaibh am film goirid seo bho phrògram san RA (7 mion. 11) <https://youtu.be/BrUMvQjEkvo>
Nota: Tha an 20 diog mu dheireadh a' sealltainn ceanglaichean gu còmhraidhean air an stiùireadh le muinntir a' phrògram – dìreach cuir sìos am fuaim agus crìochnaich aig an ìre seo. A bheil beachdan no ceistean sam bith aig a' bhuidheann aig an ìre seo?
4. **A' phrìomh 10 ceistean mun chiad uair.** Mìnich, 's sibh air am film a choimhead, gu bheil e soilleir gu bheil tòrr cheistean aig daoin' òga mun seo, 's gu bheil thu a-nis dol a thoirt sreach chairtean dhaibh (faic am prop) air a bheil a' phrìomh 10 cheistean a bhios a' tighinn am bàrr nuair a tha daoin' òga a' bruidhinn air a' chuspair seo air-loidhne – ag obair ann nan dithisean iarr air na daoin' òga a dhol tro na tha air a thoirt seachad gus faicinn a bheil na cairtean a' maidseadh nam freagairtean agaibhse mun 'chiad turas'. Tarraing aire cuideachd gu bheil freagairtean air na cairtean a bharrachd air ceistean. Thoir pacà chairtean do gach dithis. Thoir dhaibh ùine airson obrachadh tromhpa.

An ceann greis, iarr fios-air-ais: Gun a bhith ag innse dè na ceistean a bh' aca fhèin gu mionaideach, an do chòmhdaich na cairtean na ceistean a bha dùil aca ris? An robh na freagairtean cuideachail? Inns dha na daoin' òga gun crìochnaich an clas an-diugh le fiosrachadh air càit an tèid iad airson ceistean fhaighneachd mar seo agus airson deagh thaic agus fiosrachadh fhaighinn.

5. A' gluasad air adhart, tha na daoin' òga air smaoineachadh mu cheistean a th' aig daoine agus bha am film a' bruidhinn mu cò ris a tha e coltach a bhith a' smaoineachadh mu bhith ri feise airson a' chiad uair. A-nis iarr air na daoin' òga obrachadh còmhla ri caraid a-rithist gus smaoineachadh air 5 freagairtean (chan fheum sibh sòn a sgriobhadh) dhan cheist: **Mar sin, ciamar a bhios fios agad gu bheil thu deiseil airson a bhith ri feise?**
6. Seall na slàighdean air a bheil na 5 prìomh rudan (thairis air dà shlaighd) a chaidh a mholadh. Dèan sgrùdadh: A bheil seo a' maidseadh nan liostaichean acasan? Dè tha eadar-dhealaichte, ma tha sòn

idir? Cruinnich na cairtean, iarr air na daoin' òga na ceistean a bh' aca na bu thràithe a shracadh agus an cur dhan bhion.

7. **A' lorg deagh fiosrachadh, comhairle agus taic mu shlàinte feiseil a' gabhail a-steach condoman agus casg-gin.** Tha leasan eile ri fhaighinn aig Àrd ìre a tha a' cur ri ionnsachadh mu sheirbheisean, ach tha lìbhrigeadh fiosrachadh bunaiteach mar phàirt dhen leasan seo cudromach. Cleachd an slaighd sa phasgan, a' cur a-steach fiosrachadh ionadail mu chlionagean slàinte feise/seirbheisean slàinte feise do dhaoin' òga **san sgìre agaibh**, dh'fhaioite gum b' urrainn do neach òg siubhal chun nan seirbheisean seo no conaltradh riutha air-loidhne no air am fòn.
8. **Airson criochnachadh,** cuir an cuimhne nan daoin' òga gur e an toil fhèin a th' ann a bhith ri feise. Cha bhith a' mhòr chuid de dhaoin' òga air a bhith ri feise mus bi iad aig aois 16. Agus gu cudromach, ged a bhiodh tu air aontachadh a bhith ri feise còmhla ri neach aon turas no mòran thursan, tha cead agad an-còmhnaidh stad agus diùltadh a bhith ri feise a-rithist.

Ceangal ris an dachaigh

Tha teacsa an cois an leasain **An dàimh a tha mi ag iarraidh dhomh fhìn** a ghabhas cleachdadh airson fios a chur dhachaigh mun bhloc ionnsachaidh seo.

Tha goireasan ionnsachaidh eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaimean RSHP seo

- An dàimh a tha mi ag iarraidh dhomh fhìn
- An dàimh fheiseil a tha mi ag iarraidh dhomh fhìn
- Ciamar agus carson a bu chòir daimh a chriochnachadh?

Beachdan Eile

Awkward moments/prògram aonta

'S dòcha gum bi ùidh aig daoin' òga ann an tuilleadh chòmhraidhean no ann an tuilleadh a chluinntinn mu aonta. San iomairt seo do dhaoine eadar aoisean 16 agus 19 tha 5 filmichean goirid a tha a' dèiligeadh ri grunn chuspairean agus shuidheachaidhean, a' tòiseachadh a' chòmhraidih 'cliobach' mu aonta:

<https://www.awkwardmoments.co.uk/>

Nòtaichean Tidseir

